

# Òrain Eilean Litreach



# Fios

Annag Adag	1
Bilidh Ball-Coise	2
Calum Coineanach	3
Dòmhnaill Dannsair	4
Ealasaid Eala	5
Flòraidh Faoileag	6
Giopaidh Gobhar	7
Hiopalan Hapalan	8
Ìomhar Iolair	9
Lusaидh Luchag	10
Murchadh Muc	11
Nanaidh Nurs	12
Ollamh Oisean	13
Pàdraig Piobair	14
Reubaire Ruairidh	15
Sgròbadh Sgarbh	16
Tormod Tàirnean	17
Uilleam Uilebheist	18

# 1 Annag Adag

Annag Adag  
A,a, Annag Adag  
A,a, Annag Adag  
A,a, Annag Adag  
A,a, Annag Adag a' snàmh.

Sìos, sìos gu grunnd na mara  
Sìos, sìos gu grunnd na mara  
Sìos, sìos gu grunnd na mara  
Annag Adag a' snàmh.

Suas, suas gu bàrr na fairge  
Suas, suas gu bàrr na fairge  
Suas, suas gu bàrr na fairge  
Annag adag a' snàmh.

Teich, teich, seall a' mhuc-mhara  
Teich, teich, seall a' mhuc-mhara  
Teich, teich, seall a' mhuc-mhara  
Teich a' falach an dràst!

2

# Bilidh Ball-Coise

- hi o hò, Bilidh Ball-coise  
Bilidh Ball-coise a' ruith air an raon
  - hi o hò, Bilidh Ball-coise bhreab e 'm bàlla  
Is fhuair e aon.
- 
- hi o hò, Bilidh Ball-coise  
Bilidh Ball-coise a' ruith air an làr
  - hi o hò, Bilidh Ball-coise bhreab e 'm bàlla  
Is fhuair e dhà.

**3**

# Calum Coineanach

Calum coineanach, Calum coineanach

Càit an robh thu 'n-diugh?

Bha mi anns a' ghàrradh aig bodach beag grànnnda

Is b' fheudar dhomh ruith, ruith, ruith.

Calum coineanach, Calum coineanach

Càit an robh thu 'n-diugh?

Bha mi a' cluich air feadh nan cnuic

Ach thàinig cù mòr dubh 's b' fheudar dhomh ruith, ruith,  
ruith.

**4**

# Dòmhnaill Dannsair

Dòmhnaill Dannsair 's e cho snog  
Dòmhnaill Dannsair bòidheach  
Dòmhnaill Dannsair 's e cho snog  
Dòmhnaill Dannsair dòigheil

Dòmhnaill Dannsair dol mun cuairt  
Suas do làmh a Dhomhnaill  
Dòmhnaill Dannsair dol mun cuairt  
Dèanamh dannsa dòigheil.

# 5 Ealasaid Eala

Ealasaid Eala  
Sgiathan mòra geala  
Ealasaid Eala  
Le sgiathan mòra snog.

Casan beaga dubha  
Falbh cho luath fon uisge  
Casan beaga dubha  
Is amhaich fhada geal.

6

# Flòraidh Faoileag

Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
Ach gheibh I dhà a-màireach.

Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
Tha aon aig Flòraidh Faoileag  
A-màireach gheibh I trì

Tha aon, a dhà, a trì aice  
Tha trì airson a dìinneir aic'  
Tha aon, a' dhà, a trì aice  
'S tha brù a-nise làn.

7

# Giopaidh Gobhar

Giopaidh Gobhar le dà adhairc chrom  
Giopaidh Gobhar le dà adhairc chrom  
Giopaidh Gobhar le dà adhairc chrom  
Dà adhairc chrom is feusag.

Dh' ith I na currain, dh' ith I an càl  
Dh' ith I na fluraichean, dh' ith I 'm buntàt  
Dh' ith I a h-uile rud anns an àit  
Dh' ith I 'n drathais aig Seanmhair.

Thàinig Seanair leis a' bhata mhòr  
Mhaoidh e air Giopaidh  
"Ma dh' itheas tu an còrr  
Cuiridh mi a-mach thu dhan a Bheinn Mhòir  
Fad bhìnn bhuan a' Gheamhraidh!"

# Hiopalan Hapalan

Hì hò Hiopalan  
Hì hò Hiopalan  
Hì hò Hiopalan  
Seall mis' a' dèanamh spòrs.

Bodach beag nan geasagan  
A' leum is a' dèanamh chleasan  
Bodach beag nan geasagan  
A' leum is a' dannsa.

Rinn e cleas air Màiri  
Is rinn e cleas air Dòmhnaill Ailean  
Rinn e cleas air Màiri  
'S air Sìne 's air Anndra.

9

# iomhar lolair

iomhar lolair, spuirean biorach  
iomhar lolair làidir  
iomhar lolair, spuirean biorach  
Seall e dol an àirde

Seall e 'g ìtealaich suas  
Sgiathan mòra làidir  
Seall e nist a' tighinn a-nuas  
Teach air falbh an-dràsta.

**10**

# **Lusaídh Luchag**

Lusaídh luchag le a sròn bheag air a' làr  
Lusaídh Luchag 's i ag iarraidh criomag càis'

Thàinig an cat mòr glas ag èigheach "miau, miau!"  
Ruith Lusaídh Luchag, ruith Lusaídh Luchag

Ruith a-steach dhan toll.

# 11 Murchadh Muc

Murchadh Muc, Murchadh Muc ag ithe fad an là  
“Tha ‘n t-acras orm, tha ‘n t-acras orm” sin a bhios e  
ag ràdh

Murchadh Muc, Murchadh Muc daonnaan ‘g iarraidh biadh  
Tha a cho mòr ‘s cho reamhar ri muc a chunna tu riamh.

**12**

# **Nanaidh Nurs**

Nanaidh Nurs, Nanaidh Nurs

○ ach cho laghach 's a tha nanaidh Nurs.

Baga beag dubh agus còta gorm

"Och, och, och tha an cnatan orm!"

"Ciamair a tha thu fhèin an-diugh?"

"Chan eil ro mhath A-tiu! A-tiu!"

"Fosgail do bheul, gabh làn na spàin

Bi thu nas fheàrr a-nis a ghràidh".

13

# Ollamh Oisean

Ollamh Oisean le a speuclair cruinn  
Flabh dhan a' ghealaich ann an bailiùn  
Èist feuch an cluinn thu brag! Anns an adhar  
Thuit Ollamh Oisean na sgailc air an làr!

13

**14**

# Pàdraig Piobair

An cluinn sibh Pàdraig Piobair  
An cluinn sibh Pàdraig Piobair  
An cluinn sibh Pàdraig Piobair  
Hunambì hunambà hunambò!

"S e 'm port aig Pàdraig Piobair  
"S e 'm port aig Pàdraig Piobair  
"S e 'm port aig Pàdraig Piobair  
Hunambì hunambà hunambò!

Bidh sinne dèanamh dannsa  
Bidh sinne dèanamh dannsa  
Bidh sinne dèanamh dannsa  
Hunambì hunambà hunambò!

# 15 Reubaire Ruairidh

○ hò Reubaire Ruairidh  
○ hò Reubaire Ruairidh  
○ hò Reubaire Ruairidh  
Reubaire Ruairidh tighinn le bhàt'.

Bidh e a' creachadh, bidh e a' spùilleadh  
Bidh e a' sabaid, bidh e ag ùpraid  
Bidh e ag èigheach 's a' glaodhaich.  
"Nach mi fhèin an reubaire math!"

**16**

# **Sgròbadh Sgarbh**

Sgròbaidh Sgarbh le itean giobach  
Dàibhidh e sìos cho luath ri biodag  
Gheibh e iasg is suas gun tig e  
Tha e math air iasgach.

Aon trosg, aon adag  
Aon easgann mòr fada  
Tha trì eisg a-nis agam  
Tha mi math air iasgach

**17**

# **Tormod Tàirnean**

Tormod Tàirnean, Tormod Tàirnean

Duine mòr, duine mòr

Cluinn e ag èigheach

Cluinn e ag èigheach

Òbh, òbh, òbh!

Òbh, òbh, òbh!

**18**

# **Uilleam Uilebheist**

Uilleam Uilebheist, Uilleam Uilebheist  
Dràgon mòr uaine tha fuireach anns an uaimh.

Cuiridh e an t-eagal air an balaich bheaga  
Bidh a h-uile duin' a' teach ro Uilleam Uilebheist.